

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/6/20

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 5 Samhain 2020

Tìotal Aithisge: Aithisg Foghlam tron Ghàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisg seo cunntas às ùr a thoirt do Bhuill Thaghte mu sholar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, le sùil air leasachaidhean curraicealaim o chionn ghoirid agus pròifileadh buileachaidh.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Aithneachadh cho cudromach 's a tha dòigh-obrach cho-obrachail eadar Sgioba na Gàidhlig agus Oifigearan Foghlaim a bhios a' toirt stiùir is taic agus a bhios a' toirt seachad cothroman leasachaidh proifeiseanta agus goireasan airson raon cho-theacsaichean taobh a-staigh sgoiltean Gàidhlig gus solar Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig a thoirt seachad air feadh na Gàidhealtachd.
- ii. Beachdachadh air a' phròifil bhuileachaidh an dà chuid taobh a-staigh frèam-obrach còmhradh nàiseanta is stiùir mun Ghàidhlig agus ath-sgrùdaidhean curraicealaim Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile.
- iii. Beachdachadh air Co-chomhairle Sgìre-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig Gheàrrloch agus toirt fa-near gun tèid tuilleadh fiosrachaidh mun a seo a cho-roinn le Comataidh an Fhoghlaim.

3. Seaghan

3.1 Goireas

Tha na dh'fhaodadh seo ciallachadh an-ceartuair a thaobh goireasan a' buntainn ris na prìomh bhuidseatan, a tha a' gabhail a-steach Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig,

Maoin Taic Covid (Bòrd na Gàidhlig), agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd a Plana Gàidhlig a chur an gnìomh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha solar ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 airson Foghlam Gàidhlig. Tha iad seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur dleastanas air ùghdarrasan ionadail brosnachadh is taic a thoirt do dh'Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLG).

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Tha solar agus taic do FtG agus FLG a' toirt deagh bhuaidh air coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Faodaidh coimhearsnachdan sgoile FtG agus FLG cur ris na sgìrean ionadail aca anns a' Ghàidhlig.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Tha gnìomhan air an gabhail os làimh gu bhiortail. Chan eilear a' siubhal.

3.5 Cunnart

Chan eil cunnart ann.

3.6 Gàidhlig

Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023

Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 3

4. Ionnsachadh Cànain 1+2 agus Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh 1+2 Bun-sgoile is Àrd-sgoile taobh a-staigh Foghlam Coitcheann Farsaing (ÀS1, ÀS2 & ÀS3)

4.1 'S e làn-chòir reachdail a th' anns an iomairt Ionnsachadh Cànain 1+2 airson luchd-ionnsachaidh Albannach ro sheisean sgoile 2020-21. Faodar an làn-chòir seo a choinneachadh tro chànan sam bith, agus tha mòran ionadan sa Ghàidhealtachd a' taghadh Gàidhlig. Airson adhbharan Dòigh-ionnsachaidh Ionnsachadh Cànain 1+2, thathar a' cantainn Cànain 1 no C1 ri cànain teagaisg a' chlasa. Tha clann agus daoine òga a' faighinn cànain a bharrachd bho Chlas 1 (Cànain 2 no C2). Tha cànain (no cànanan) a bharrachd air a thoirt a-steach bho Chlas 5 (Cànain 3 no C3).

4.2 Airson ionadan bun-sgoile a' dèanamh eadar-ghluasad gu Dòigh-obrach Ionnsachadh Cànain 1+2, tha Comhairle na Gàidhealtachd air modal libhrigidh Ionnsachadh Cànain Bun-sgoile a chleachdadh (PLL). Tha seo a' dol an àite Cànain Gàidhlig sa Bhun-Sgoil (GLPS).

4.3 Chan eil Riaghaltas na h-Alba tuilleadh a' cruinneachadh dàta Cànain Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) agus an àite seo tha dàta air feadh na h-Alba, air roghainnean cànain C2 agus C3 uile, adhartas 1+2 agus duilgheadasan sam bith a tha a' tighinn am bàrr, air a chruinneachadh gach bliadhna tro shuirbhidh. Thathar an dùil gum bi figearan Gàidhlig Ionnsachadh Cànain Bun-sgoile (PLL) na Gàidhealtachd gu math nas ìsle na bha figearan GLPS roimhe. Tha seo air sàillibh eadar-dhealachadh ann an libhrigeadh 1+2 an coimeas ri libhrigeadh GLPS, agus 's ann air sgàth seo a tha e mar riatanas dàta ùr a chruinneachadh air 1+2. Seach gu bheil 1+2 air a theagasg do sgoilearan bho Chlas 1 air adhart, agus seach nach robh GLPS air a theagasg ach bho Chlas 5 gu Clas 7, bhathar dhen bheachd gun robh e riatanach dàta a chruinneachadh bhon toiseach. Tha mòran sgoiltean a' sgoileadh an libhrigidh suas na clasaichean bliadhna às dèidh bliadhna, gus am bi eadar-ghluasad mean air mhean agus furasta a stiùireadh.

4.4 Bu chòir cothroman a bhith rim faotainn cuideachd do sgoilearan cànanan 1+2 a bharrachd fhaighinn thar solar àrd-sgoile. Bho Àrd-sgoil 1, tha e mar riatanas gum bi

C2 ri fhaotainn, suas gu deireadh Àrd-sgoil 3. Ann an ionadan àrd-sgoile 's e fhathast Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a chanar ri Gàidhlig 1+2.

- 4.5 Aig Àrd Ìre san àrd-sgoil, mas e Gàidhlig an C2 agus ma tha iarrtas gu leòr ann agus luchd-obrach ri fhaotainn, tha làn-chòir ann Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a bhith ri fhaotainn mar Theisteanas Nàiseanta tro SQA, mar a thathar a' libhrigeadh an-ceartuir thairis air 13 àrd-sgoil sa Ghàidhealtachd.
- 4.6 A thaobh modal 1+2, seach gur e Gàidhlig cànan teagaisg a' chlasa, thathar a' gabhail ris gur e Gàidhlig C1 taobh a-staigh ionadan FtG. Air sàillibh 'Dòigh-obrach Bogadh Iomlan' FtG, chan fheum sgoilearan cànan a bharrachd air a' Ghàidhlig a ghabhail gu Clas 4, nuair a tha Beurla (C2) air a toirt a-steach agus tha C3 air a libhrigeadh bho Chlas 4.
- 4.7 Figearan Dàta C2 – Tha na figearan seo air an cur còmhla bho dhàta a chaidh a chruinneachadh bho 2017, tro shuirbhidh bhliadhnail 1+2 Riaghaltas na h-Alba agus bho fhiosrachadh ùraichte a chuir sgoiltean fa leth a-steach. Math dh'fhaodte gun tèid an atharrachadh air an t-seisean seo.
Faic Eàrr-ràdh 1.

Tha teacsa uaine a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho chànan eile gu Gàidhlig mar C3 rè na bliadhna sin

Tha teacsa dearg a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho Ghàidhlig gu cànan eile mar C3 rè na bliadhna sin

Tha teacsa orains a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho Ghàidhlig C3 gu Gàidhlig C2

Dàta bho 1 Dàmhair 2020		Adhbharan airson ìsleachadh/àrdachadh ann an àireamhan
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C2 ann an 2017/18	23	
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C2 ann an 2018/19	27	<ul style="list-style-type: none"> Caol Acaìn, Am Bad Call, Naomh Chliamain agus Geàrrloch a' gluasad bho C3 gu C2
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C2 ann an 2019/20	30	<ul style="list-style-type: none"> Fàrr, A' Mhealbhaich agus Tunga a' gluasad bho C3 gu C2
Àireamh luchd-obrach C2 a' gabhail com-pàirt ann an trèanadh 1+2 bho 2017	33	

Tha e na adhbhar brosnachaidh a bhith a' faicinn àireamhan nan sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2 ag àrdachadh gach bliadhna bhon a thòisich trèanadh 1+2 ann an 2017. Tha an t-atharrachadh seo gu ìre mhòir air sgàth 's gu bheil sgoiltean taobh a-staigh Buidheann Sgoiltean Co-cheangailte a' roghnachadh Gàidhlig a thaghadh an àite Fraingis, mar C2, gus dèanamh cinnteach à co-ionannachd thar na buidhne sgoiltean, a leithid Caol Acaìn agus sgoil Campus a' Chosta a Tuath: Fàrr, Tunga agus A' Mhealbhaich. Faodaidh roghainn cuideachd a bhith an crochadh air sgilean cànan luchd-obrach, far am faod luchd-obrach a bhith nas fileanta anns a' Ghàidhlig na ann am Fraingis, ann an sgoiltean a leithid Am Bad Call agus Sgoil Naomh Chliamain. Cuideachd, faodaidh a bhith a' taghadh Gàidhlig an àite Fraingis mar C2 a bhith air sgàth 's gu bheil Foghlam tron Ghàidhlig anns an sgoil, agus gun urrainn dhan a seo in-ghabhaltas a bhrosnachadh, ann an sgoiltean a leithid Geàrrloch.

A' coimhead ris an àm ri teachd, bhiodh fàilte mhòr air àrdachadh sam bith san àireamh sgoiltean a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2, ach thathar a' gabhail ris gu bheil modal libhrigidh C2 bho Sgoil-àraich/Bun-sgoil 1 suas gu Clas 7 mar-thà air a bhith a' gabhail a-steach mòran ùine, trèanaidh is leasachaidh do sgoiltean is luchd-obrach. Mar sin, ged a dh'fhaodadh e a bhith na b' fhasa do sgoiltean beaga le aon tidsear no a dhà an t-atharrachadh seo a dhèanamh, cha bhiodh e cho furasta do sgoiltean nas motha, le àireamhan luchd-obrach nas motha, cànan ùr a thoirt a-steach.

- 4.8 Figearan Dàta C3 – Tha na figearan seo air an cur còmhla bho dhàta a chaidh a chruinneachadh bho 2017, tro shuirbhidh bhliadhnail 1+2 Riaghaltas na h-Alba agus bho fhiosrachadh ùraichte a chuir sgoiltean fa leth a-steach. Math dh'fhaodte gun tèid an atharrachadh air an t-seisean seo.

Tha teacsa uaine a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho cànan eile gu Gàidhlig mar C3 rè na bliadhna sin
Tha teacsa dearg a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho Ghàidhlig gu cànan eile mar C3 rè na bliadhna sin
Tha teacsa orains a' sealltainn sgoil a tha air gluasad bho Ghàidhlig C3 gu Gàidhlig C2

Dàta bho 1 Dàmhair 2020		Adhbharan airson ìsleachadh/àrdachadh ann an àireamhan
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C3 ann an 2017/18	66	<ul style="list-style-type: none"> Dòrnach, Goillspidh, Sgìre Raoird, Cill Tighearn, Eadardan, Gledfield, Sildeag, Eilean nam Muc agus Eige a' gluasad gu cànan eile Geàrrloch, Am Bad Call, Naomh Chliamain agus Caol Acaìn a' gluasad gu Gàidhlig mar C2
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C3 ann an 2018/19	64	<ul style="list-style-type: none"> Dabhach Garrach, Teanassie, Tomnacross, Sgoil Dhonnchaidh Fhorbais, Luirg, Mount Pleasant, Naomh Dùbhthaich, Gleann Comhann, Dùrar agus Aichillidh Bhuidhe a' gluasad gu Gàidhlig mar C3
Àireamh sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar C3 ann an 2019/20	61	<ul style="list-style-type: none"> Tunga, Fàrr agus A' Mhealbhaich a' gluasad gu Gàidhlig mar C2
Àireamh luchd-obrach C3 a' gabhail com-pàirt ann an trèanadh 1+2 bho 2018	110	

Ged a tha barrachd sùbailteachd ann an roghainn cànan C3 na roghainn C2, is fheàrr le mòran sgoiltean fhathast an cànan a thaghadh mar roghainn thairis air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte, agus faodaidh seo a bhith an crochadh air an t-solar àrd-sgoile a tha ri fhaotainn. Roghnaich cuid de sgoiltean a leithid Dòrnach, Sgìre Raoird agus Goillspidh nach libhrigeadh iad Gàidhlig mar C3, seach nach robh solar Gàidhlig ri fhaotainn san àrd-sgoil aig an àm. Ma dh'atharraicheas an suidheachadh seo, dh'fhaodadh bun-sgoiltean roghnachadh gluasad gu Gàidhlig mar C3 a-rithist. Thagh cuid de sgoiltean, a leithid Cill Tighearn, Sildeag, Eilean nam Muc agus Eige cànan eile stèidhichte air ùidhean is eòlasan an luchd-obrach, agus thagh cuid de sgoiltean a leithid Gledfield agus Eadardan cànan a chuidicheadh gus taic a thoirt do sgoilearan sònraichte anns an sgoil aca, mar eisimpleir Cànan-soidhnidh Bhreatainn. Anns an aon dòigh, tha a' Ghàidhlig air buannachd fhaighinn à sùbailteachd ann an libhrigeadh C3

agus tha 11 sgoiltean ùra air roghnachadh a' Ghàidhlig a libhrigeadh mar C3 bhon a thòisich an iomairt 1+2. Thathar an dòchas le goireasan teagaisg, cleasan ionnsachaidh agus stuthan trèanaidh is taic do luchd-obrach a bhith ri fhaotainn air-loidhne, gum faodadh barrachd sgoiltean Gàidhlig a thabhann mar C3 san àm ri teachd.

5. Cothroman Leasachaidh Proifeiseanta

- 5.1 Cunntas às Ùr mu 1+2 – A bharrachd air gnìomhan leasachaidh thar Buidhnean Sgoile Co-cheangailte, bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt aigheachd gach bliadhna do In-Sheirbheis Foghlam Gàidhlig, a' libhrigeadh Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd do phroifeiseantaich ann an ionadan Tràth-ionnsachaidh, Bun-sgoil agus Àrd-sgoile le luchd-obrach Ionadan Com-pàirteach agus ùghdarrasan san nàbacht cuideachd a' gabhail com-pàirt. Tha cothroman is eòlasan trèanaidh co-cheangailte ri ionnsachadh is teagasg thairis air Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.
- 5.2 Blasad Gàidhlig Fèisgoil – Ann an 2017/18, gus tuilleadh taic a thoirt do dh'iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2, chaidh seiseanan Blasad Gàidhlig Fèisgoil a libhrigeadh. Chaidh ionnsachadh gnìomhach àrd-inbhe ann an cànan, cultar is ceòl Gàidhlig a thoirt seachad airson Foghlam tron Bheurla, far an deach a' Ghàidhlig a thaghadh mar C2. Fhuair 29 sgoil Cànan Gàidhlig 2 sia seiseanan 45 mionaid Fèisgoil (a bharrachd air a seo fhuair sgoilearan Loch Abar seiseanan tro phrògram 'Acadamaidh a' Mhòid')
- 5.3 Chaidh libhrigeadh Blasad Gàidhlig airson Fèisgoil a leudachadh barrachd ann an 2017. Bha Ceum 2 a' gabhail a-steach ionadan Foghlam tron Bheurla far an deach a' Ghàidhlig a chomharrachadh mar C3. Bha solar leudaichte a' gabhail a-steach sgoilearan uile ann an Clas 5, suas gu agus a' gabhail a-steach Clas 7 ann an sgoiltean Cànan Gàidhlig 3. Chaidh Fèisgoil a libhrigeadh ann an 100% de sgoiltean Cànan Gàidhlig 3, tro shreath de bhùithtean-obrach 45 mionaid airson gach ionad thairis air 70 sgoil Cànan Gàidhlig 3 (àireamh nas àirde seach gun do dh'atharraich cuid de sgoiltean an cànan).
- 5.4 Foghlam tron Ghàidhlig – Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus Bun-sgoil. Tha trèanadh Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne air a bhith ag amas gu sònraichte air a bhith a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh airson ionnsachadh a bhrosnachadh. Bha seo ri fhaotainn mar leasachadh proifeiseanta air-loidhne do luchd-obrach Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne uile. Tha clàraidhean sa cheangal a leanas a' toirt eisimpleir seachad de na seiseanan beaga a rinneadh air-loidhne. Tha mòran a' gabhail com-pàirt sna seiseanan seo agus tha an dòigh-obrach ghoireasach air còrdadh ri luchd-obrach.
<https://sites.google.com/millburnacademy.org.uk/highlanddigitalschoolshub/digital-skills/staff/training-and-cpd/recordings-of-training-sessions#h.xy5yddr7d0h7>
- 5.5 A bharrachd air a seo, chaidh seiseanan a thabhann do sgìrean a bha gan iarraidh gus am b' urrainnear còmhraidhean a chumail eadar luchd-obrach na Tràth-Ìre mun dòigh 's am bu chòir taic a thoirt do theaghlaichean agus do chloinn òga agus briseadh air tighinn air an àrainneachd bhogaidh aca taobh a-staigh nan ionadan foghlaim.
- 5.6 Thathar an dùil gun tèid àrd-ùrlaran bhiortail a chleachdadh airson trèanadh 'Bitesize' FtG san àm ri teachd le moladh gun tèid trèanadh a thoirt seachad timcheall air

frèamaichean gus ionnsachadh cànan a phlanadh is a leantainn taobh a-staigh co-theacsa eòlasan-teagaisg a bhios a' cur air adhart na dòighean-obrach as fheàrr a thaobh àrainneachdan ionnsachadh cànan. Tha Oifigear Foghlam Tràth-bhliadhnaichean agus Sgioba Leasachaidh an Fhoghlaim an-dràsta a' rannsachadh seo le sùil shònraichte air a bhith a' cleachdadh leasachaidhean [Words Up](#) agus [Cànan Labhairteach](#) agus 'Realising the Ambition' aig Foghlam Alba. Tha e cudromach gu bheil an ìre bogaidh iomlan a' faighinn taic sna raointean seo gus leasachadh ann an litearras, cànan is conaltradh Gàidhlig a dhaingneachadh agus dèanamh cinnteach gun urrainn do sgoilearan an cànan a chleachdadh.

- 5.7 Cho-obrach Sgioba Leasachaidh an Fhoghlaim agus Sgioba na Gàidhlig gus goireasan a chruthachadh a bheireadh taic do dh'ionadan tron ghlasadh-sluaigh agus gun fhios nach biodh glasadh-sluaigh eile ann. Chaidh gabhail gu math ris na goireasan seo agus thathar a' dèanamh tuilleadh leasachaidh, le taic bho mhaoin Covid Bhòrd na Gàidhlig, gus na goireasan a leudachadh airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus am frèam taic seo a leantainn air adhart mar a tha luchd-ùidh ag iarraidh.
- 5.8 Chaidh buidheann fiosrachaidh do Cheannardan-sgoile FtG a chruthachadh le Sgioba Leasachaidh an Fhoghlaim tron ghlasadh-sluaigh agus tha sin air leantainn air adhart tro theirm 1 dhen t-seisean seo. Bheir a' bhuidheann cothrom do luchd-ùidh molaidhean a thoirt do Sgioba na Gàidhlig mu ghoireasan san àm ri teachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus FtG Bun-sgoile. Tha buidheann fiosrachaidh de thidsearan Feumalachdan Taice a Bharrachd àrd-sgoile air coinneachadh o chionn ghoirid agus tha dùil aca an cuireadh a leudachadh gu ùghdarrasan eile. 'S e an t-amas aca còmhraidhean a chumail mu ro-innleachdan gus an taic as fheàrr a thoirt seachad a thaobh Feumalachdan Taice a Bharrachd ann an litearras Gàidhlig san àrd-sgoil, taobh a-staigh fòcas ro-innleachdail nas fharsainge airson sgoiltean na Gàidhealtachd air fad. Tha oifigearan Litearras Gàidhealach air tidsearan àrd-sgoile FtG a stiùireadh gu trèanadh Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach agus tha tuilleadh obrach a' dol air adhart a-nis leis a' bhuidhinn agus Sgioba Leasachaidh an Fhoghlaim.

6 Pròifileadh Buileachaidh – Teisteanasan Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich)

- 6.1. Tha pàtrain Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig 2015 gu 2019 airson Gàidhlig Àrd-Ìre Adhartach a' sealltainn gu bheil àireamhan air àrdachadh thairis air na trì bliadhna mu dheireadh. Tha buileachadh a rèir chomharran coileanaidh nàiseanta. Tha àireamhan Gàidhlig Àrd-Ìre thairis air na còig bliadhna mu dheireadh air a dhol suas is sìos agus tha buileachadh air a bhith a rèir coileanadh nàiseanta.
- 6.2. Tha àireamhan Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Nàiseanta 5 eadar 2015 gu 2019 air a dhol suas is sìos. Tha pàtrain a' sealltainn lùghdachadh ann an àireamhan thairis air trì bliadhna le àrdachadh ann an 2019. Tha buileachadh a rèir coileanadh nàiseanta.
- 6.3. Sheall buileachadh Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Nàiseanta 4 gu bheil àireamhan air lùghdachadh thairis air na ceithir bliadhna mu dheireadh. Faodar a ràdh gu bheil an lùghdachadh ann an 2019 air sàillibh àrdachadh ann an àireamhan N5. Tha àireamhan air a dhol suas is sìos gu nàiseanta thairis air na còig bliadhna mu dheireadh. Chan eil àireamhan gu leòr ann airson beachdachadh air ìrean buileachaidh Gàidhlig Nàiseanta 3.

- 6.4 Tha àireamhan Àrd-Ìre Adhartach Gàidhlig air fuireach aig ìre sheasmhach, le àrdachadh beag ann an 2019. Tha buileachadh a rèir/beagan nas àirde na coileanadh nàiseanta, le ìsleachadh beag ann an 2019 (2 sgoilear). Tha àireamhan Àrd-Ìre Gàidhlig air lùghdachadh thairis air na 4 bliadhna mu dheireadh, agus tha an àireamh a tha a' dol air adhart airson deuchainnean air lùghdachadh le buileachadh a rèir/beagan nas àirde na coileanadh nàiseanta.
- 6.5 Tha àireamhan Gàidhlig Nàiseanta 5 air àrdachadh ann an 2019, às dèidh trì bliadhna de dh'àireamhan nas ìsle. Tha buileachadh a rèir coileanadh nàiseanta. Math dh'fhaodte gu bheil àireamhan nas ìsle ann an Gàidhlig Nàiseanta 4 ann an 2019 mar thoradh air àrdachadh anns na h-àireamhan a chaidh air adhart airson Nàiseanta 5. Tha àireamhan iomlan nas ìsle na àireamhan nàiseanta airson buileachadh, ach amhàin airson 2018. Cha deach ach fìor chorrà sgoilear air adhart airson Gàidhlig Nàiseanta 3 anns na còig bliadhna mu dheireadh.
- 6.6 Chan eil sgoilearan sam bith air a bhith ann an Àrd-Ìre Adhartach no Àrd-Ìre airson gin de na trì cuspairean sòisealta, agus chan eil inntrigidhean sam bith air a bhith aig ìre N3 airson gin de na trì cuspairean sòisealta – Eachdraidh, Cruinn-eòlas agus Nua-eòlas.
- 6.7 Tha briseadh a bharrachd dhen dàta air a thoirt seachad ann an Eàrr-ràdh 1 a' sealltainn àireamhan agus am pròifil buileachaidh an dà chuid airson Gàidhlig (Fileantaich) agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Cuspairean Sòisealta FtG fo na cinn gu h-ìosal airson na h-ùine 2015 gu 2019.

Bliadhna	Ìre	Àireamhan na Gàidhealtachd	% A-B na Gàidhealtachd	% A-B Nàiseanta	% A-D na Gàidhealtachd	% A-D Nàiseanta
----------	-----	----------------------------	------------------------	-----------------	------------------------	-----------------

6.8 Anailis

Tha an dàta seo a' sealltainn gu bheil buileachadh na Gàidhealtachd airson Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a rèir coileanadh nàiseanta. Tha àireamhan Àrd-Ìre Adhartach air àrdachadh thairis air na trì bliadhna mu dheireadh. Ann an 2019, bha àrdachadh de 16 ann bho 40 gu 56 ann an àireamhan Nàiseanta 5. Tha àireamhan Àrd-Ìre air a dhol suas is sìos eadar 21 agus 31 agus anns na còig bliadhna mu dheireadh bha an àireamh as ìsle ann an 2019. Ann an Gàidhlig Àrd-Ìre Adhartach agus Àrd-Ìre, tha dàta a' sealltainn gu bheil buileachadh a rèir no beagan nas àirde na àireamhan nàiseanta. Tha àireamhan Àrd-Ìre Adhartach co-chòrdail ri àrdachadh ann an 2019. Tha àireamhan Àrd-Ìre air lùghdachadh thairis air na ceithir bliadhna mu dheireadh agus àireamhan air a dhol suas is sìos eadar 30 agus 54. Tha àireamhan Nàiseanta 5 air àrdachadh bho 38 ann an 2018 gu 51 ann an 2019. Tha àireamhan airson Nàiseanta 5 air a dhol suas is sìos eadar 38 gu 71 airson nan còig bliadhna mu dheireadh. Bha buileachadh ann an Cuspairean Sòisealta FtG nas àirde airson toraidhean 2019 A-B taobh a-staigh dàta coileanadh nàiseanta. Tha àireamhan airson cuspairean sòisealta uile a' lùghdachadh gu coitcheann thairis air na còig bliadhna mu dheireadh. Chaidh na h-àireamhan as àirde airson Eachdraidh (17) agus Nuadh-eòlas (4) a chlàradh ann an 2015.

7. Ath-sgrùdadh Curraicealaim – Planadh Àrd Ìre agus FtG Àrd-sgoile

- 7.1 Gu nàiseanta, thathar a' moladh bhon Ògmhios 2021 gum bi Aithisgean Inbhean is Càileachd bho gach ionad FtG/FLG Àrd-sgoile a' toirt seachad mion-fhiosrachadh mu adhartas a thaobh targaidean dealbhaidh. Tha Sgioba Foghlaim a' Bhùird air innse gun cruinnich iad fiosrachadh, anns an Lùnastal 2021, ann an Aithisgean Inbhean is Càileachd uile agus gun cuir iad a-mach geàrr-chunntas nàiseanta le fios às ùr mu adhartas agus prìomh chuspairean do Mhinistearan. Cuiridh seo taic ri Obair Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig / SQA / GLAN. Thèid fios mu adhartas a chumail ris an iomairt Adhartas nas Luaithe a tha air a stiùireadh leis an Leas-Phrìomh-Mhinistear. Thèid fios cuideachd a chur gu Ath-sgrùdaidhean Nàiseanta air lìbhrigeadh Àrd-sgoile agus thèid an Cleachdadh as Fheàrr aithneachadh is a bhrosnachadh. Bidh **Planadh Bliadhnail** airson FtG agus FLG anns gach ionad Àrd-sgoile a tha a' lìbhrigeadh FtG/FLG na phrìomh phrionnsapal air cùl leasachaidh.
- 7.2 Bidh ath-sgrùdadh Poileasaidh OECD a' beachdachadh air na nithean a leanas nuair a thathar a' lìbhrigeadh leantainneachd curraicealam 3-18 ann am FtG – Tràth-bhliadhnaichean/Bun-sgoil/Foghlam Coitcheann Farsaing/Àrd Ìre. Gu nàiseanta, tha Bòrd na Gàidhlig air nochdadh gum bu chòir FtG amas air a bhith a' lìbhrigeadh chuspairean ann an roinn na h-àrd-sgoile, a' gabhail a-steach chùrsaichean teisteanais ann am FtG. Bu chòir fòcas a bharrachd a chumail air a bhith a' leasachadh a' churraicealaim san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach cultar is eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh na Gàidhlig ann an ionnsachadh neo-foirmeil a bhios an uair sin a' neartachadh fileantachd. Tha Oifigearan Foghlaim Chomhairle na Gàidhealtachd mothachail gu bheil dùil san àm ri teachd gum bi planadh agus aithris bhliadhnail air an daingneachadh ann an solar FtG àrd-sgoile uile agus gum bi ro-innleachdan ùra ann gus a' Ghàidhlig a lìbhrigeadh mar phàirt de churraicealam Nuadh Chànanan ann am Foghlam tron Bheurla.

8. Sgìre-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig Bun-Sgoil Gheàrrloch

- 8.1 Thathar an dùil aithisg a chur gu Comataidh an Fhoghlaim sa Ghearran 2021 a thaobh a bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile FtG airson Bun-Sgoil Gheàrrloch. Thathar a' cur a' mholaidh air adhart a rèir stiùireadh reachdail a tha air a chur a-mach le Bòrd na Gàidhlig agus a tha a' moladh gum bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail sgìrean-sgoile a chruthachadh airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG).

Chaidh co-chomhairle phoblach a chumail eadar Dùbhlachd 2019 agus Gearran 2020, ach chaidh maill a chur dhan ghnòthach air sgàth galar Covid-19. Às dèidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean a fhuair eadhon bhon eacarsaich cho-chomhairleachaidh, thèid sgìre-sgoile FtG a mholadh a bhios a' còmhdach dearbh sgìrean-sgoile FtB Bun-Sgoil Gheàrrloch, Bun-Sgoil Pholl Iù, Bun-Sgoil Bhuail na Lùib, agus Bun-Sgoil Cheann Loch Iù.

Ainmeachadh: Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

Ceann-latha: 29/10/2020

Ùghdar: Lena Walker

Eàrr-ràdhan:

- 1 Dàta Sgoile C2 & C3
- 2 Pròifil Buileachaidh Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig
- 3 Pròifil Buileachaidh Gàidhlig
- 4 Pròifil Buileachaidh Cuspairean Sòisealta Gàidhlig

Appendix 1 – L2 & L3 School Data

L2 (23) 2017/18	L2 (27) 2018/19	L2 (30) 2019/20	L3 South (22) 2017/18	L3 South (26) 2018/19	L3 South (26) 2019/20	L3 North (6) 2017/18	L3 North (6) 2018/19	L3 North (3) 2019/20	L3 Mid (9) 2017/18	L3 Mid (6) 2018/19	L3 Mid (6) 2019/20	L3 West (29) 2017/18	L3 West (26) 2018/19	L3 West (26) 2019/20
Glenelg	Glenelg	Glenelg	Kinmylies	Kinmylies	Kinmylies	Dornoch	Tongue	Bonar Bridge	Kiltearn (M)	Ben Wyvis	Ben Wyvis	Gairloch (M)	Poolewe	Poolewe
Loch Duich	Loch Duich	Loch Duich	Kirkhill	Dochgarroch	Dochgarroch	Golspie	Farr	Laing	Ben Wyvis	Resolis	Resolis	Poolewe	Kinlochewe	Kinlochewe
Kyle of L	Kyle of L	Kyle of L	Muirtown	Teanassie	Teanassie	Rogart	Melvich	Mount Pleasant (M)	Resolis	Park	Park	Shieldaig	Bualnaluib	Bualnaluib
Plockton	Kyleakin	Kyleakin	Beauly	Tomnacross	Tomnacross	Tongue	Bonar Bridge		Park	Milton	Milton	Kinlochewe	Kinlochleven	Kinlochleven
Lochcarron	Plockton	Plockton	Croy	Duncan Forbes (M)	Duncan Forbes (M)	Farr	Laing		Milton	Craighill (M)	Craighill (M)	Bualnaluib	St Bride's	St Bride's
Applecross	Lochcarron	Lochcarron	Balnain	Kirkhill	Kirkhill	Melvich	Mount Pleasant (M)		Eddertown	St Duthus (SS)	St Duthus (SS)	Kinlochleven	Glencoe	Glencoe
Elgol	Applecross	Applecross	Cannich Bridge	Muirtown	Muirtown				Gledfield			St Bride's	Duror	Duror
Raasay	Elgol	Elgol	Glenurquhart	Beauly	Beauly				Craighill			Banavie	Banavie	Banavie
Staffin	Raasay	Raasay	Aldourie	Croy	Croy				St Clements (SS)			Caol	Caol	Caol
Portree	Staffin	Staffin	Cauldeen	Balnain	Balnain							Invergarry	Invergarry	Invergarry
Kilmuir	Portree	Portree	Stratherrick	Cannich Bridge	Cannich Bridge							Inverlochy	Inverlochy	Inverlochy
Sleat	Kilmuir	Kilmuir	Farr	Glenurquhart	Glenurquhart							St Columba	St Columba	St Columba
Broadford	Sleat	Sleat	Foyers	Aldourie	Aldourie							Lundavra	Lundavra	Lundavra
Edinbane	Broadford	Broadford	Holm	Cauldeen	Cauldeen							SpeanBridge	SpeanBridge	SpeanBridge
Dunvegan	Edinbane	Edinbane	Lochardil	Stratherrick	Stratherrick							Mallaig	Mallaig	Mallaig
Strontian	Dunvegan	Dunvegan	Farr	Farr	Farr							Lady Lovat	Lady Lovat	Lady Lovat
Lochaline	Strontian	Strontian	Milton of Leys	Foyers (M)	Foyers (M)							Muck	Arisaig	Arisaig
Kilchoan	Lochaline	Lochaline	Inshes	Holm	Holm							Arisaig	Inverie	Inverie
Ardgour	Kilchoan	Kilchoan	Drakies	Lochardil (M)	Lochardil (M)							Elgg	Rum	Rum
Acharacle	Ardgour	Ardgour	Daviot	Crown	Crown							Inverie	Auchtertyre	Auchtertyre
Ballachulish	Acharacle	Acharacle	Strathdearn	Milton of Leys	Milton of Leys							Rum	Carbost	Carbost
Ullapool	Ballachulish	Ballachulish	Millbank	Inshes	Inshes							Auchtertyre	Struan	Struan
Ardrross	Ullapool	Ullapool	Drakies	Drakies	Drakies							Kyleakin	Knockbreck	Knockbreck
	Ardrross	Ardrross	Daviot	Daviot	Daviot							Carbost	McDiarmid	McDiarmid
	St Clements (SS)	St Clements (SS)	Strathdearn	Strathdearn	Strathdearn							Struan	Scoraig	Scoraig
	Gairloch	Gairloch	Millbank	Millbank	Millbank							Knockbreck	Achiltibuie	Achiltibuie
	Badcaul											McDiarmid		
		Farr (Suth)										Scoraig		
		Melvich										Badcaul		
		Tongue												

Green text indicates a school that switched from another language to Gaelic as L3 during that year

Red text indicates a school that switched from Gaelic to another language as L3 during that year

Amber text indicates a school that switched from Gaelic L3 to Gaelic L2

Appendix 2 – Gaelic Learners’ Attainment Profile

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	Advanced Higher	8	50	65	100	94	Last 3 years the numbers have increased Attainment in-line with national performance
2018	Advanced Higher	4	75	78	100	100	
2017	Advanced Higher	2	100	78	100	100	
2016	Advanced Higher	8	50	71	88	95	
2015	Advanced Higher	15	40	53	87	90	

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	Higher	21	71	76	100	100	Last 5 years, numbers have fluctuated Attainment in-line with national performance
2018	Higher	28	64	62	82	86	
2017	Higher	20	70	68	95	91	
2016	Higher	31	71	73	97	97	
2015	Higher	28	75	77	100	98	

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	National 5	56	46	54	86	89	Last 5 years, numbers have fluctuated, 3 years declined but increased in 2019 Attainment in-line with national performance
2018	National 5	40	70	73	95	97	
2017	National 5	58	55	68	100	100	
2016	National 5	61	61	60	92	89	
2015	National 5	47	66	70	92	87	

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	National 4	10	19	Last 4 years, numbers have declined
2018	National 4	15	40	
2017	National 4	21	33	2019's decrease may be attributed to increase in N5 numbers
2016	National 4	24	48	
2015	National 4	12	38	Nationally, numbers have fluctuated over the last 5 years

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	National 3	2	3	Numbers too small to make any comment on trends
2018	National 3	1	5	
2017	National 3	1	2	
2016	National 3	1	13	
2015	National 3	3	4	

Appendix 3 – Gàidhlig Attainment Profile

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	Advanced Higher	11	55	72	100	100	Last 3 years, number have remained constant, slight increase in 2019 Attainment in line/ slightly above the national performance, slight dip in 2019 (2 pupils)
2018	Advanced Higher	9	89	73	100	100	
2017	Advanced Higher	9	89	61	100	100	
2016	Advanced Higher	7	86	77	100	100	
2015	Advanced Higher	14	79	76	100	100	

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	Higher	30	83	70	100	98	Last 4 years, numbers have declined Attainment in line/ slightly above national performance
2018	Higher	38	84	75	100	95	
2017	Higher	38	58	62	92	88	
2016	Higher	54	56	60	91	90	
2015	Higher	39	67	64	87	90	

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	National 5	51	86	78	100	99	Numbers have increased in 2019, after 3 years of lower numbers Attainment in line with national performance
2018	National 5	38	84	78	100	98	
2017	National 5	41	80	80	98	97	
2016	National 5	41	83	89	100	98	
2015	National 5	71	87	84	100	98	

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	National 4	3	9	Lower numbers in 2019 may be attributed to increase in numbers at National 5 Overall small numbers, except for 2018 – why?
2018	National 4	15	12	
2017	National 4	5	14	
2016	National 4	2	14	
2015	National 4	6	18	

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	National 3	0	0	Very few pupils presented for National 3 over the last 5 years
2018	National 3	1	1	
2017	National 3	0	0	
2016	National 3	0	2	
2015	National 3	0	0	

Appendix 4 – Gaelic Social Subjects Attainment Profile

Eachdraidh (History)

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	N5	3	67	53	100	100	Numbers too small to be able to comment
2018	N5	6	17	68	100	100	
2017	N5	2	50	67	100	89	
2016	N5	8	88	88	100	100	
2015	N5	17	65	70	88	91	Note – high numbers in 2015

Nuadh-Eolas (Modern Studies)

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	N5	1	100	57	100	86	Numbers too small to be able to comment
2018	N5	3	100	87.5	100	100	
2017	N5	1	100	40	100	80	
2016	N5	0					
2015	N5	4	50	50	75	75	

Cruinn-eolas (Geography)

Year	Level	Highland Numbers	% Highland A-B	% National A-B	% Highland A-D	% National A-D	Comments
2019	N5	0					Numbers too small to be able to comment
2018	N5	0					
2017	N5	6	100	93	100	100	
2016	N5	1	100	81	100	100	
2015	N5	2	100	88	100	100	2017 last presentation

Cruinn-eolas (Geography)

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	N4	0	9	Numbers too small to comment
2018	N4	0	5	
2017	N4	1	5	
2016	N4	0	1	
2015	N4	1	3	

Eachdraidh (History)

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	N4	0	2	Numbers too small to comment
2018	N4	0	13	
2017	N4	0	4	
2016	N4	2	2	
2015	N4	2	2	

Nuadh-Eolas (Modern Studies)

Year	Level	Highland Numbers - passes	National Numbers - passes	Comments
2019	N4	0	0	Numbers too small to comment
2018	N4	0	3	
2017	N4	0	1	
2016	N4	0	0	
2015	N4	1	1	